

Plana Obrachaidh Corporra

An Giblean 2023-Am Màrt 2024

Ar Misean, Àrd-amas agus Luachan

'S e an t-amas a th' againn a bhith a' cur an comas ceanglaichean adhair agus a' cumail taic ri seirbheisean deatamach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh tro lìonra de phuirt-adhair sàbhailte is seasmhach.

Tha seo air a dhaingneachadh leis an àrd-amas againn gu bheil sinn airson a bhith nar buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh-carboin.

Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuiainn fhìn; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheis san ùine fhada.



Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an silothan fèin-ùidh.



Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sinn dearmad air feumalachdan càch.



Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh nas fheàrr san àm ri teachd, cha bhi sinn dìreach a' gabhail ris an status quo.



Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gnìomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.



Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dicheall gus an ìre as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.

Facal-tòiseachaidh

Dh'fhoillsich sinn ar Ro-innleachd agus Plana Ath-shlànachadh Covid-19 airson 2021-26 sa Ghearran 2021. Chaidh seo a sgrìobhadh às dèidh prògram farsaing de cho-chomhairleachadh leis na daoine, com-pàirtichean agus luchd-ùidh againn a chaidh a chrìochnachadh ann an 2019, agus air ath-sgrùdadh às dèidh sin air na prìomhachasan agus na h-amasan againn ann an 2020 às dèidh suidheachadh èiginn Covid-19.

Tràth ann an 2022, bha a' bhuidhe ionmhasail a thàinig mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte a' fàs gu math follaiseach agus tha dhùbhlain lùtha is solarachaidh cruinneil air suidheachadh fiosgail a chruthachadh de sheòrsa nach fhaca sinn riamh roimhe nar beatha.

Sa cho-theacsa sin, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an lèirmheas caitheamh ghòireasan aca air 31 Cèitean 2022. Tha seo a' cur an cèill crìochan àrd-ìre airson caitheamh ghòireasan airson buidseatan Albannach san àm ri teachd suas gu 2026-27. Tha na buidseatan taisbeanach seo a' sealltainn lùghdachadh san airgead a tha ri fhaotainn do HIAL thairis air an ath thri no ceithir bliadhna agus tha iad nan dùbhlain maoinachaidh mòr dhan chompanaidh san àm ri teachd. Tha an cuideam a tha seo a' cur air a' chompanaidh air a dhèanamh nas miosa le àrdachadh atmhorachd agus dùbhlain bho chosgaisean a tha ag èirigh.

Rinn am Bòrd agus an Àrd-sgioba Stiùiridh ath-sgrùdadh air ar n-amasan ro-innleachdail agus prìomhachasan anns a' cho-theacsa sin. Chaidh aontachadh gum bu chòir am fòcas a bhith libhrigeadh nam prìomh ghnìomhachdan againn agus dèanamh cinnteach gun lean sinn oirnn a' toirt seachad lionna port-adhair roinneil sàbhailte a bheir taic do cheanglaichean adhair deatamach agus do sheirbheisean 'loidhne-teasairginn'.

Às dèidh làn phrògram conaltraidh le co-obraichean, com-pàirtichean agus luchd-ùidh, chaidh Plana Ro-innleachdail ath-sgrùdaichte aontachadh leis a' Bhòrd sa Ghearran 2023. Tha Plana Ro-innleachdail 2023-28 a' mineachadh nan amasan agus prìomhachasan ro-innleachdail ùraichte againn agus ar cuideachadh le bhith a' ruith puirt-adhair sàbhailte is seasmhach airson nan ginealaichean ri teachd.

Seo a' chiad phlana obrachaidh againn airson Giblean 2023 gu Màrt 2024 a chaidh a dhealbhadh gu na gnìomhan

a shealltainn a ghabhas sinn gus na sia prìomhachasan sa Phlana Ro-innleachdail ùr againn a choileanadh:

- **Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan agus co-obraichean a choileanadh**
- **Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir na stòrasan a tha rim faighinn**
- **Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra**
- **Lùghdaich na buaidh àrainneachdail againn**
- **Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh**
- **Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach**

Ni sinn ath-sgrùdadh cunbhalach air na gnìomhan againn gus dèanamh cinnteach gun tèid an libhrigeadh taobh a-staigh a' mhaoineachaidh iomlan a tha againn. Tha cuid de na gnìomhan anns a' phlana seo farsaing agus mar sin dh'fhaodte gum bi iad a' dol thairis air barrachd air aon bhliadhna ionmhais. Mar sin, thèid cuid de na gnìomhan a chur air adhart do phlanaichean obrachaidh san àm ri teachd airson crìochnachadh.

Gus am plana obrachaidh seo a libhrigeadh, feumaidh sinn taic bho na co-obraichean obrachaidh is taic uile againn agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri taic leantainneach bhupa agus sinn a' libhrigeadh ar cuid amasan.



Inglis Lyon
Manaidsear-stiùiridh, HIAL

A' sgrùdadh agus ag aithris air adhartas

Thèid aithisgean adhartais ullachadh air na gnìomhan sa Phlana Obrachaidh Corporra seo gach ràith gus fiosrachadh coileanadh a thoirt seachad gus an urrainn dhuinn na gnìomhan againn a stiùireadh gu h-èifeachdach san àm ri teachd.

Thèid na h-aithisgean adhartais a sgrùdadh leis an Àrd-sgioba Stiùiridh mar phàirt den dleastanas aca a thaobh planadh is coileanadh. Bheir am pròiseas aithris sealladh nas fheàrr do na h-àrd-mhanaidsearan againn air libhrigeadh nan gnìomhan ro-innleachdail againn agus ni e cinnteach gum bi riaghladh nan gnìomhan againn san àm ri teachd èifeachdach.

Thèid na h-aithisgean coileanadh ràitheil a thoirt do Bhòrd HIAL gus an urrainn dhaibh an sgrùdadh.

Thèid aithris air adhartas gach bliadhna ann an Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan HIAL.

Prìomhachasan Ro-innleachdail



Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan ionadail agus co-obraichean a choileanadh

- Prìomhachas
- Ceangailte ri Prìomhachas

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim faighinn
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra
Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn
Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh
Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Comharraich agus dèan measadh air prìomh sheirbheisean obrachaidh aig gach fear de na 11 puirt-adhair againn. Sònraich frèam-obrach bunaiteach airson modail libhrigidh ionadail a choinnicheas ri ar riatanasan custamair agus coimhearsnachd.

Dèan sgrùdadh air cosgaisean gnìomhachais is obrachaidh mu choinneamh nam buidseatan làithreach againn. Lorg, comharraich, agus gabh ri lùghdachaidhean cosgais mar phàirt de phrògram cunbhalach de sgrùdaidhean ionmhais gus dèanamh cinnteach gun tèid prìomhachasan a libhrigeadh taobh a-staigh a' mhaoineachaidh iomlan a tha againn.

Dèan lèirmheas air Siostam Riaghlaidh Sàbhailteachd HIAL gus a dhèanamh nas ruigsinniche do cho-obraichean. Dèan cinnteach gu bheil fiosrachadh an t-siostaim a' cumail taic ri riaghladh chunnartan obrachaidh is ro-innleachdail, sàbhailteachd agus gèilleadh.

Cuir an gnìomh structar luchd-obrach seirbheisean trafaig adhair a tha a' mìneachadh goireasan trafaig adhair agus riatanasan ath-leumachd gus an ìre seirbheis as sàbhailte agus as fheàrr a libhrigeadh thar nan 11 phort-adhair uile.

Stiùiriche Gníomhan Puirt-adhair	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Stiùiriche Gníomhan Puirt-adhair						
Stiùiriche an Ionmhais						
Stiùiriche Gníomhan Puirt-adhair						
Ceannard Seirbheisean Iùil Adhair						



Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim faighinn

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim faighinn
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra
Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn
Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh
Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Comharraich agus cuir an gnìomh seirbheis riaghladh ghoireasan ùr a bheir seachad an luach as fheàrr agus ìre chunbhalach de sheirbheis thar puirt-adhair HIAL gu lèir agus a nì cinnteach gun cùm sinn suas ar togalaichean agus bun-structar puirt-adhair gus na feumalachdan gnìomhachais againn agus feumalachdan an luchd-cleachdaidh a choileanadh.

Dèan lèirmheas ro-innleachdail air togalaichean is talamh HIAL gus cuideachadh le bhith ag obrachadh a-mach de an tasgadh a bhios a dhìth an-dràsta agus san àm ri teachd gus feumalachdan gnìomhachais is custamair a choileanadh.

Cruthaich plana ùrachaidh teicneòlais làn-amalaichte a bhios a' togail air prògram an teicneòlas tapaidh againn. Cruthaich dàta agus fiosrachadh bun-structair gus àrainneachdan obrachaidh nam port-adhair againn a riaghladh nas fheàrr agus gus gnàth-eòlas nan custamairean againn a neartachadh.

Stiùiriche Taic Chorporra is Ghníomhan	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Ceannard nan Seirbheisean Bun-structar						
Ceannard nan Seirbheisean Bun-structar						
Manaidsear ICT						

Prìomhachasan Ro-innleachdail



Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

- Prìomhachas
- Ceangailte ri Prìomhachas

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Librig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a reir stòrasan a tha rim faighinn
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra
Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn
Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh
Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Dèan lèirmheas air na dòighean làithreach againn gus cosgaisean fhaighinn air ais agus cuir structar teachd-a-steach ath-sgrùdaichte an gnìomh.

Dèan làn ath-sgrùdadh air cumhachan cleachdaidh HIAL agus DAL agus air cisean puirt-adhair gus taic a chumail ri glèidheadh shlighean agus gus an teachd a-steach as àirde fhaighinn, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh cisean no brosnachaidhean àrainneachdail is seasmhachd.

Rannsaich cothroman coimeirsealta, an dà chuid cothroman co-cheangailte ri soithichean adhair, agus cothroman eile, gus taic a chumail ris an eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin. Cruthaich modail teachd-a-steach coimeirsealta gus sruthan teachd-a-steach a lorg, ath-sgrùdadh agus fhàs airson an àm ri teachd.

Ceannard Leasachaidh Gnìomhachais	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Ceannard Leasachaidh Gnìomhachais						
Ceannard Leasachaidh Gnìomhachais						
Ceannard Leasachaidh Gnìomhachais						



Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Librig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a reir stòrasan a tha rim faighinn
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra
Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn
Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh
Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Cùm oirnn leis an obair-sgòpaidh againn gus faighinn a-mach dè na cothroman a th' ann a thaobh lùths ath-nuadhachail, a' gabhail a-steach pròiseactan gaoithe, grèine agus pròiseactan buain uisge. Cruthaichidh sinn plana eadar-ghluasad gus gluasad gu cumhachd ath-nuadhachail air feadh oighreachd HIAL.

Dèan lèirmheas air a' bhuaidh a bheir atharrachadh gnàth-shìde air bun-structar air feadh oighreachd HIAL san àm ri teachd gus ar cuideachadh le bhith a' comharrachadh raointean prìomhachais gus gnìomhachd puirt-adhair sàbhailte is seasmhach a chumail a dol.

Cruthaich prògram taobh an adhair gus eimiseanan carboin aig na puirt-adhair againn uile a lùghdachadh le bhith a' cur raon de roghainnean a tha math dhan àrainneachd an àite a h-uile pìos uidheamachd làimhseachaidh a tha a' cleachdadh cumhachd nach eil ath-nuadhachail, a' gabhail a-steach carbadan dealain is measgaichte a tha a' gèilleadh ri riaghailtean a thaobh sgaoidhlean.

Stiùiriche Taic Chorporra is Ghnìomhach	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Ceannard Seasmhachd is Àrainneachd						
Ceannard Seasmhachd is Àrainneachd						
Ceannard Seasmhachd is Àrainneachd						

Prìomhachasan Ro-innleachdail



Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Prìomhachas
Ceangailte ri Prìomhachas

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim faighinn
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra
Lighdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn
Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh
Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Ùraich cùis gnìomhachais 2020 airson ath-sgrùdadh pàighidh is rangachaidh agus airson a bhith a' buileachadh structar pàighidh bun-tomhasaichte agus sgeama cuibhreannan nas simplidhe.

Dèan measadh gus prionnsapalan coitcheann obrachadh a-mach airson clàran-obrach èifeachdach dhan bhuidhinn a tha a rèir riaghailtean ùine-obrach.

Foillsich Ro-innleachd Co-ionannachd, lomadachd agus In-ghabhaltachd. Cruthaich plana gnìomh gus cultar a chur air adhart san àite-obrach far a bheil luach ga chur ann an co-ionannachd agus spèis agus far a bheil seo follaiseach dhan a h-uile co-oibriche air feadh buidheann HIAL.

Stiùiriche HR	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Stiùiriche HR						
Stiùiriche HR						
Stiùiriche HR						



Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Ball SMT/
Sponsair a' Phròiseict

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh
Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim faighinn
Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra
Lighdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn
Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh
Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Cruthaich agus cuir an gnìomh Poileasaidh Com-pàirteachaidh leudaichte agus stiùireadh co-cheangailte gus dèanamh cinnteach gum bi frèam-obrach conaltraidh agus planaichean èifeachdach an gnìomh aig ìre bùird, corporra agus ionadail airson nan co-obraichean, com-pàirtichean, luchd-ùidh, aonaidhean ciùird agus luchd-buaidh againn.

Dèan cinnteach gu bheil fòram conaltraidh coimhearsnachd foirmeil an sàs aig Puirt-adhair HIAL gus dèanamh cinnteach gum bi dòigh-obrach chunbhalach, ach sònraichte airson gach port-adhair, gus fiosrachadh a cho-roinn agus gus beachdan fhaighinn bho luchd-ùidh ionadail air cùisean co-cheangailte ri puirt-adhair fa leth ann an dòigh le structar. Dèan lèirmheas air na buidhnean com-pàirteachais conaltraidh is còmhdaidh a th' ann mar fhòraman a dh'fhaodar cleachdadh gus dùblachadh a sheachnadh.

Cruthaich prògram de sgrùdaidhean fios-air-ais bho luchd-cleachdaidh thar nam port-adhair againn gus cuideachadh le bhith a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean obrachaidh is coimeirsealta. Rè 2023/34 dèan sgrùdaidhean riarachais luchd-siubhail aig na puirt-adhair HIAL uile, ach a-mhàin Inbhir Nis a bhios a' gabhail pàirt ann an sgrùdaidhean cunbhalach mar bhall de phrògram Duais Càileachd Seirbheis Puirt-adhair (ASQ).

Ceannard a' Chonaltraidh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Ceannard a' Chonaltraidh						
Ceannard a' Chonaltraidh						
Ceannard a' Chonaltraidh						

